

## ALASDAIR OIG 'IC 'AC NEACAIL

Hillean ó iri oró  
Na huilirinn ó iri o ró ho  
HILLEAN O IRI OR O  
NA HUILIRINN O HO RI O RO HO

Alasdair òig 'ic 'ac Neacail  
Hillean ó iri oró  
HILLEAN O HO RI OR O  
NA HUILIRINN O HO RI O RO HO



*Taigh 'icNeacail /  
MacNicol's house, Auchindrain*

B' fheàrr leam fhìn gu saoirhinn mac dhuit  
Cóignear na shianar na sheachdnar  
Thogainn suas air bhàrraibh bas iad  
'M bàrr mo ghuailneadh far a faict' iad 5  
Thogainn glùn dhaibh 's dheanainn altrum  
Dh'òlte fion air bòrd am baistidh  
Dh'òlte fion dearg is fion dathte ann  
'S bheirinn ciaoird an làimh gach mac dhiubh  
Fear 'na shaor dhiubh, fear 'na chaibtean 10  
'S fear eil' air luing mhóir dhiubh 'n Sasainn  
'S fear 'na dròbhair mór nam marta  
'S fear 'na cheannard air sluagh feacach  
'S muladach 's muladach tha mi  
Seòladh àrd a mach am màireach 15  
Seòladh gu Duntuilm na tulaich  
Far an cluinnte fuaim na tuinneadh  
'S fuaim an t-sìobain ris a' mhuran  
'S fuaim a' chaltainn ris a' chuileann

<i>Young Alasdair, son of MacNicol</i>	<i>/I wish I could bear a son to you</i>
<i>Five or six or seven;</i>	<i>/I'd hold them up on on my palms</i>
<i>Shoulder-high where they could be seen (5)</i>	<i>/I'd take them on my lap and nurse them.</i>
<i>Wine would be drunk at their baptism</i>	<i>/Red wine, coloured wine.</i>
<i>And I would give each of them a trade:</i>	<i>/One of them a carpenter, one a captain (10)</i>
<i>Another on a big ship in England</i>	<i>/And one a great drover of cattle</i>
<i>One a leader of an armed host.</i>	<i>/Sad, sad am I</i>
<i>Sailing out tomorrow (15)</i>	<i>/Sailing to Duntuilm on the mound</i>
<i>Where the sound of waves may be heard</i>	<i>/The sound of spindrift against the bent-grass</i>
<i>The sound of hazel against holly.</i>	